Fèisean nan Gàidheal

A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh

Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh

Taigh Òsta Cheann an Iar,
An Gearasdan

Dihaoine 19 An t-Sultain 2008 @ 1.30f



Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd-Stiùiridh a tha gu bhith air a cumail ann an Tàigh-Òsta Cheann an Iar, An Gearasdan, bho 1.30f, Dihaoine 19 Sultain 2008

Clàr-Ghnothaich

3.2008.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An làthair

(b) Leisgeulan

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd
Tha geàrr-chunntas den choinneimh a chaidh a chumail air 26 Cèitean 2008 air a chuairteachadh. Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird gabhail ris a' gheàrr-chunntas mar chlàr ceart den choinneimh.

(d) Gnothaichean ag èirigh
Faodaidh buill puing sam bith a thogail a tha ag èirigh bhon gheàrr-chunntas.

(e) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhuidheann Ghnìomh
Tha geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh aig a' bhuidhinn-ghnìomh a bha air a cumail air 2 Sultain 2008 air a chuairteachadh mar fhiosrachaidh. Faodaidh buill puing sam bith a tha ag èirigh bhon gheàrr-chunntas a thogail.

3.2008.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a-rèir Prògram-obrach Fèisean nan Gàidheal
Tha geàrr-iomradh an cois seo a' mìneachadh adhartais a thaobh nan amasan anns a' Phrògram Obrach againn air a cuairteachadh. Faodar puing sam bith a thogail air na tha sgrìobhte anns a' gheàrr-iomradh.

(b) Plana Leasachaidh 2010-15
Tha geàrr-iomradh air an còmhraidhean a chaidh a chumail aig coinneamh eadar an luchd-obrach agus buill a' Bhùird air 25 Lùnastal 2008 air a chuairteachadh. Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhiosrachadh agus gum bi seisean den aon t-seòrsa aig a' cho-labhairt bhliadhnail airson beachdan a chruinneachadh bho riochdairean nam Fèisean.

(c) Acadamaidh Fèise
Tha tagradh a chaidh a-steach gu HIPP airson maoin ERDF an lùib nam pàipearan. Bidh aithris bhon Cheannard aig a' choinneimh ma bhios càil as ùr ri innse aig an àm sin.

3.2008.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Aithisg Ionmhais
Tha aithisg air a cuairteachadh le teachd a-steach agus teachd a-mach Fèisean nan Gàidheal gu 31 Lùnastal 2008. Tha liosta de na tabhartasan a tha air gealltainn dha na Fèisean airson 2008-09 na lùib mar fhiosrachaidh. Faodar ceist sam bith fhaighneachd mu gnothaichean ionmhais.

(b) Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire
Bidh am fiosrachadh seo ri fhaotainn aig a' choinneimh.

(c) Cunntasan Ràitheil gu 30 Ògmhios 2007
Tha MacNeacail agus Co air cunntasan ullachadh airson na ràithe gu 30 Ògmhios 2008, a tha an lùib nam pàipearan. Thathar ag iarraidh gun gabhadh buill a' Bhùird ris na cunntasan.

(d) Cunntasan gu 31 Màrt 2008

Bidh cunntasan suas gu deireadh a' Mhàirt 2008 air an cuairteachadh chi luath 'sa gheibh sinn iad airson gun gabhadh buill a' Bhùird riutha mas tèid am moladh dhan Choinneimh Bhliadhnail.

(e) Iarrtas airson Maoin Leasachaidh

Tha Fèis Òigridh na Mara air iarrtas a chur a-steach gu Stòras Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal airson suim a tha thairis air na tha ceadaichte do luchd-obrach aontachadh. Tha lethbhreac den iarrtas, le fiosrachadh a bharrachd bhon Mhanaidsear Leasachaidh, Daibhidh Boag, air a chuairteachadh agus thathar ag iarraidh air buill co-dhùnadh a ruighinn air an iarrtas.

3.2008.04 CÙISEAN POILEASAIDH

(a) Taghadh Buill a' Bhùird

Tha còignear gu bhith a' seasamh sìos bhon Bhòrd am-bliadhna agus tha pàipear goirid bhon Cheannard air cuairteachadh co-cheangailte ris modhan taghaidh an dèidh còmhraidhean aig a' choinneimh eadra am Bòrd agus an luchd-obrach air 25 Lùnastal.

(b) Measadh Chunnartan

Chaidh bùth-obrach air measadh chunnartan a cumail air 25 Lùnastal, agus tha pàirt den aithisg bho Deloitte air a cuairteachadh. Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhiosrachadh.

3.2008.05 LUCHD-OBRACH

(a) Pròram de thaisbeanaidhean bhon luchd-obrach

Bidh taisbeanadh againn bho Nicola Marshal air cuid de na Fèisean leis a bheil i fhèin air a bhith ag obair mar Phrìomh Oifigear a tha air a bhith an-sàs ann an leudachaidhean airson iomradh a thoirt dhuinn air ciamar a thèid na leasachaidhean a thoirt gu buil ann an àiteachan eile.

3.2008.06 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Aithisgean Luchd-Obrach

Tha aithisgean bhon luchd-obrach air an cuairteachadh. Faodaidh buill ceist sam bith fhaighneachd agus fa-near a thoirt don fhiosrachadh a tha nan lùib.

(b) Co-labhairt agus Coinneamh Bhliadhnail 2008

Tha pròram airson na coinneimh bhliadhnail agus co-labhairt air chuairteachadh. Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhiosrachadh.

3.2008.07 EILE

(a) Coinneamh a' Bhuidhinn Ghnìomh

Chaidh na pàipearan air fad bhon choinneamh den Bhuidheann Ghnìomh a chaidh a chumail air 2 Sultain 2008 an cuairteachadh air post-d a-mhàin. Faodar ceist neo beachd sam bith a thogail mun deidhinn.

(b) Ceann-latha na h-ath choinneimh

Thèid an ath choinneimh a cumail ann an Inbhir Nis air Dihaoine 5 Dùbhlachd ann an Inbhir Nis, le dìnnear às a dèidh airson buill ùr agus buill a bhios gar fàgail.

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail ann an Taigh-Òsta an Àth Leathainn, san Eilean Sgitheanach, bho 2f Diluain 26 An Cèitean 2008
Àireamh air a' Chlàr: 3.2008.01(c)

2.2008.02 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An Làthair
Ceitidh NicAdhaimh (Cathraiche); Seòras Stoddart (Rùnaire); Mìcheal Sweeney; Ealasaid Bain; Alasdair MacDhòmhnaill; Art MacCarmaig (an làthair); Dàibhidh Boag (an làthair – taisbeanadh); Anna Willoughby (an làthair); Moreen Pringle (an làthair); Dùghlas Beck (an làthair – taisbeanadh); Calum Ailig Mac a' Mhaoilein (an làthair – taisbeanadh);

Chuir an Cathraiche fàilte air Mòrag Stiùbhart a bha ag eadar-theangachadh.

(b) Leisgeulan
Seasaidh Newton; Peigidh NicIllInnein; Sìne NicNèill; Agnes Rennie; Peigidh NicNeacail; Laura Green; Iain Mac a' Ghobhainn (Comhairle Ealain na h-Alba)

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de dh'Fhèisean nan Gàidheal
Chaidh Geàrr-chunntas na coinneimh a chaidh a chumail air 18 An Gearran 2008 a sgaoileadh. Mhol Alasdair MacDhòmhnaill gum bu chòir gabhail ris mar chunntas fìrinneach den choinneimh, agus chaidh seo aontachadh.

(d) Cùisean a thog ceann
Cha robh gin a chùisean a thog ceann.

(e) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhuidheann Riaghlaidh
Chaidh Geàrr-chunntas na coinneimh a chaidh a chumail air 7 An Cèitean a sgaoileadh agus aontachadh mar chunntas fìrinneach dhen choinneimh, mhol Ceitidh NicAdhaimh seo agus dh'aontaich Seòras Stoddart.

2.2008.02 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Aithisg Ionmhasail
Chaidh aithisg a dheasaich an t-Àrd Mhanaidsear, Anna Willoughby, a sgaoileadh a bha a' sealltainn an teachd-a-steach agus na cosgaisean aig Fèisean nan Gàidheal suas gu 30 An Giblean 2008. Chaidh nòta a sgaoileadh cuideachd le liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean airson 2008/09. Thug buill a' Bhùird fa-near don aithisg.

(b) Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire
B' iad na suimeannan:
- Cunntas Làitheil: £10,405.46
- Cunntas Àrd-rèidh: £46,549.44
- Cunntas Bhlas: £4,419.10
- Bha £100,358.02 air a thasgadh fad mìos

(c) Cunntasan Riaghlaidh
Chaidh Cunntasan Riaghlaidh gu 31 Am Màrt 2008, a dheasaich MacNeacail & Co, a sgaoileadh mar fhiosrachadh. Cha robh na Cunntasan seo air an sgrùdadh fhathast – bhathar an dòchas gum biodh an dreachd sgrùdaichte ri fhaighinn ro dheireadh an Òg-mhios. Thug buill a' Bhùird fa-near don fhiosrachadh sna cunntasan.

2.2008.03 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh Pròram Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas air adhartas gu ruige seo a sgaoileadh, a bha sealltainn mar a thathar a' coileanadh amasan a' phròghraim obrach. Thuirt Art MacCarmaig gu robh seo a' cur an cèill nan amasan airson 2008/09. Bha cùmhnant le Bòrd na Gàidhlig fhathast ri aontachadh. Bha targaidean Bhlas fhathast rin cur ris an sgrìobhainn. Aon uair 's gu robh e deiseil dheigheadh eadar-theangachadh gu Gàidhlig.

Bha cuid a rudan fhathast aig ìre Òr-bhuidhe – ach mar as trice b' e bu choireach rudeigin air nach robh smachd aig Fèisean nan Gàidheal.

Bha Art MacCarmaig agus Dàibhidh Boag an dùil coinneachadh ri BnG air 27 An Cèitean gus bruidhinn mu dhiofar chùisean agus gus aontachadh dè am maoineachadh a gheibheadh sinn bhuapa agus dè na h-amasan a ghabhas a choileanadh.

Thug buill a' Bhùird fa-near don fhiosrachadh.

(b) Taisbeanadh air Leasachadh Gàidhlig

Bha Dùghlas Beck agus Calum Ailig Mac a' Mhaoilein an làthair aig a' choinneimh gus taisbeanadh a dhèanamh air an obair aca agus turas a thug iad còmhla ri Cairistìona Nic an t-Saoir chun na Cuimrigh o chionn ghoirid.

Leasachadh Gàidhlig: Thuirt Calum Ailig Mac a' Mhaoilein gun do thòisich e ag obair aig Fèisean nan Gàidheal o chionn 18 mìosan. Rè na h-ùine bhon uair sin bha e air a bhith trang a' cuideachadh le eadar-theangachaidhean Gàidhlig, ag obair air stuthan sgrìobhte, soidhnichean, sanasan-reice, brathan-naidheachd m.s.s.a. Bha Gàidhlig air a cleachdadh barrachd 's barrachd aig na Fèisean. Tha e an-dràsta ag obair air pasgan le abairtean Gàidhlig feumail a dh'fhaodadh Luchd-teagaisg nam Fèisean a chleachdadh. Bha tòrr de na Fèisean cuideachd a' cruthachadh nam Poileasaidhean Gàidhlig aca fhèin, stèidhichte air an eisimpleir a dheasaich e fhèin.

Bha Sgioba-G air a bhith gu math trang ag obair còmhla ri 12 – 15 Fèisean gach bliadhna. Bhathar a' dealbh ghnìomhan ùra fad an t-siubhail agus bhathar an dòchas làithean trèanaidh a chur air dòigh do Luchd-teagaisg.

Tha e a' dol a leantainn air san ùine a tha romhainn a' tadhal air agus ag obair còmhla ri Fèisean, a' deasachadh stòr-dàta abairtean, a' deasachadh Phasgain Ghàidhlig leasaichte agus ag obair còmhla ri Jenna Chuimeineach agus Emily Edwards air Pròiseact Tasglainn.

Thathar cuideachd a' rannsachadh Pasgan Margaideachd agus chaidh a mholadh gum faodadh rudan a tha saor 's an asgaidh a bhith sa Phasgan seo, rudan mar stiogairean, peansailean m.s.s.a. le ainm agus suaicheantas Fèisean nan Gàidheal orra.

Iomairtean Dràma 2007/08: Bhruidhinn Dùghlas Beck mun obair anns an robh e an sàs thar na bliadhna.

Bha Meanbh-chuileag gu math trang ag obair air dealbh-chluich leis an ainm "Fògarraich na Grèine". Bha an dealbh-chluich air chuairt fad 7 seachdainean a' tadhal air 51 sgoiltean Gàidhlig agus chunnaic 1700 sgoilear e. A thuilleadh air seo chaidh caochladh Bhùthan-obrach, Dealbhan-cluiche m.s.s.a. a chumail fad na bliadhna.

Bha e an dòchas leantainn air ann an 2008/09 a' cumail taic ri luchd-ionnsachaidh ann am Bun-sgoiltean (a bharrachd air cumail taic ri sgoilearan a bha fileanta ann an Gàidhlig).

Chaidh ceithir Pròiseactan Dràma a chumail ann an Sgoiltean san Eilean Sgitheanach, Leòdhas, Ceann a Tuath na Gàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal & Loch Abar. Bha iad air leth soirbheachail agus chunnacas leasachadh mòr air sgilean dràma na cloinne agus nan tidsearan. Chaidh a mholadh gum bu chòir na pròiseactan seo a chumail a-rithist ann an 2008/09 agus thathar an dùil pròiseactan ùra a chumail ann an Uibhist & Barraigh, Leòdhas agus ann am Meadhan na h-Alba.

Bhathar a' dol a chumail Sgoil Shamhraidh Dràma ann am Port Rìgh eadar 30 An t-Ògmhios

agus 11 An t-Iuchar. Bhiodh i suidhichte aig a' Bhun-sgoil, agus chleachdadh goireasan Àrois cuideachd leis an fheadhainn a bhiodh a' gabhail pàirt ann a' fuireach ann an Ostal na h-Àrd-sgoile.

Bha dùil aca ri 20 oileanaich dràma a thuilleadh air còignear eile a' dèanamh Cùrsa Teicnigeach. Bhiodh sianar prìomh luchd-teagaisg agus còignear luchd-faire ann.

Am measg nan cuspairean a bhiodh ann bha sgilean cleasachd, gluasad, trèanadh ghuthan, sgilean teicnigeach, sgilean cruthachail, òrain agus oideachadh sgrìobhaidh.

Fhuaras iarrtasan airson na Sgoile bho air feadh na dùthcha agus chaidh Agallamhan/Deuchainnean-cleasachd a chumail leis gach duine a chuir iarrtas a-steach. Chan eil mòran àiteachan air fhàgail a-nis.

Bha Cuirm gu bhith ann aig deireadh ghnothaichean ann an Àros air 10 An t-Iuchar agus bhiodh cothrom cuideachd aig buidhnean bhon choimhearsnachd a dhol an sàs ann.

Dh'aontaich am Bòrd gur e pròiseact fìor inntinneach a bh' ann anns am biodh buannachdan foghlaim is cultarach don a h-uile neach a bha an sàs ann.

Turas don Chuimrigh: Chaidh Calum Ailig Mac a' Mhaoilein, Dùghlas Beck agus Cairistìona Nic an t-Saoir air turas don Chuimrigh sa Ghearran a' lorg fiosrachaidh air mar a tha na Cuimrich dèanamh cinnteach gum bruidhinn na deugairean Cuimris agus gun tèid iad an sàs sa chànan.

Thadhail iad an toiseach air Urdd – buidheann òigridh le meòir air feadh na Cuimrigh a tha a' brosnachadh spòrs, ceòl, dràma, na h-ealain, cur-seachadan a-muigh m.s.s.a. Tha na gnìomhan seo fosgailte don a h-uile duine, ach air an cumail tro mheadhan na Cuimris. Tha am buidheann a' faighinn taic-airgid bho Bhòrd na Cuimris agus tha còrr is 253,000 ball aca aois 8 – 25.

An uair sin choinnich iad ri daoine bho Bhòrd na Cuimris, ris a bheil e an urra leasachadh a' chànain, poileasaidhean lagha, comhairle air dà-chànanachas m.s.s.a. Tha iad a' cur taic ri rud sam bith a dh'fhaodadh cuideachadh le adhartachadh a' chànain.

Bidh S4C a' dèanamh dràma Cuimris don telebhisean agus tha iad ag obair tòrr le sgoiltean. Bidh iad a' cur cleasaichean do na sgoiltean agus bidh iad a' dèanamh sanasachd/follaiseachd air prògraman tro na sgoiltean gus aire na h-òigridh a ghlacadh agus iad an dòchas an uair sin gun coimhead na sgoilearan air na prògraman. Tha tòrr co-obrachaidh eadar iadsan, Urdd agus Bòrd na Cuimris.

Mu dheireadh, choinnich iad ri riochdairean bho Mentyr Laith, a tha air a mhaoineachadh le Bòrd na Cuimris agus a tha stèidhichte sna coimhearsnachdan, agus aig a bheil ùghdarras roinneil. Tha iadsan an sàs ann an grunn thachartasan sna coimhearsnachdan mar oidhcheannan dannsa, dràma, sgilean coimpiutaireachd, foghlam neo-fhoirmeil do dh'inbhich, a thuilleadh air a bhith an sàs ann an taighean-bìdh, bùithtean, solarachadh do sheann dhaoine, clubaichean às dèidh na sgoile agus màthraichean & leanabain – mar sin tha iad a' ruighinn gach aois.

Às dèidh an turais aca, gus cuid de na h-eisimpleirean as soirbheachaile a chunnaic iad sa Chuimrigh a chur an sàs, mhol iad gum bu chòir Fèisean nan Gàidheal:

- barrachd co-obrachaidh a bhrosnachadh le buidhnean eile
- faighneachd do dh'òganaich dè bu thoigh leotha a dhèanamh
- iarraidh air barrachd daoine cliùiteach no soirbheachail a dhol an sàs ann an piobrachadh a' chànain
- barrachd thachartasan/gnìomhan àbhaisteach a chumail tron Ghàidhlig

Thug buill a' Bhùird taing do Chalum Ailig Mac a' Mhaoilein agus Dùghlas Beck airson an taisbeanaidh inntinneach agus fiosrach aca agus airson an obrach chruaidh agus an dealas a

tha iad a' nochdadh nan dreuchdan.

(c) Acadamaidh Fèise

Chaidh an dreachd às ùire den Phlana Ghnìomhachais airson Acadamaidh Fèise a sgaoileadh air post-d gu buill a' Bhùird ro làimh.

Choinnich Art MacCarmaig ri Linda Fabiani, Ministear airson na h-Eòrpa, Cultar agus Chùisean an Taobh a-muigh, air 13 An Cèitean gus bruidhinn mun chùis. Ged a bha i taiceil don phròiseact agus mothachail air obair is feallsanachd nam Fèisean, bha i dhen bheachd gum feumadh àite nas motha a bhith aig Albais agus cànanan eile a thuilleadh air Gàidhlig. Bu chòir do cheanglaichean nas làidire a bhith ann ri dràma cuideachd. Bhiodh i toilichte coimhead air Plana Gnìomhachais ùr san àm ri teachd.

Bha am pròiseact a-nis air ìre a ruighinn far am feumadh am Bòrd tighinn gu co-dhùnadh: an robh iad ag iarraidh taic a chur ris a' phlana airson Acadamaidh Fèise a stèidheachadh.

Bha buidhnean eile sa chom-pàirteachas, mar Sabhal Mòr Ostaig agus UHI, taiceil agus ro dheònach a dhol an sàs ann.

Am measg nan ath cheumannan, dh'fheumadh Bòrd ùr a stèidheachadh le riochdairean agus daoine le eòlas sònraichte bho na Buidhnean Com-pàirt gus am pròiseact a thoirt air adhart.

Dh'aontaich buill a' Bhùird gu robh iad taiceil agus toilichte a dhol air adhart leis na molaidhean. Thug iad taing do dh'Art MacCarmaig airson na h-obrach chruaidh a rinn e gu ruige seo air a' phròiseact. Gus cùisean a chumail a' gluasad mar a bha iad b' ann cudromach a bha e gun leughadh buill a' Bhùird na pàipearan uile, gach post-d m.s.s.a. co-cheangailte ris a' phròiseact agus gun cuireadh iad freagairtean cho luath 's a ghabhas nuair a dh'iarradh orra.

(d) Plana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal bho 2010

Chaidh aithisg a sgaoileadh le Art MacCarmaig a' cur an cèill clàr-ama airson ath-sgrùdadh air a' Phlana Leasachaidh a th' againn an-dràsta, agus airson deasachadh plana ùr, a bhiodh gar stiùireadh bhon Ghiblean 2010 air adhart.

Nuair a thathar a' deasachadh a' Phlana ùr, tha e cudromach a bhith mothachail air Amasan an Riaghaltais agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig, a thuilleadh air amasan/targaidean Comhairle Ealain na h-Alba, Alba Cruthachail agus HIE.

Chaidh aontachadh gur ann cudromach a bha e bruidhinn ris na Fèisean mun Phlana gus am beachdan fhaighinn. B' ann cudromach dha-rìribh a bha beachdan dhaoine òga cuideachd, agus chaidh a mholadh gum faodadh Co-labhairt Òigridh a chumail aig an aon àm sa bhite a' cumail Coinneamh Bhliadhnail/Co-labhairt Fèisean nan Gàidheal. Am-bliadhna-sa dh'fhaodadh 's dòcha iarraidh air òigridh Fèis Loch Abar tighinn còmhla gus bruidhinn air an t-slighe air adhart m.s.s.a.

Bha moladh eile ann cuideachd Fòram a chur air an làrach-lìn far am faod daoine na beachdan aca a nochdadh.

Chaidh aontachadh, a rèir a' chlàr-ama, gun deigheadh Coinneamh a' Bhùird a bharrachd a chumail san Lùnastal far am bruidhneadh buill a' Bhùird agus Luchd-obrach mu dheidhinn a' Phlana gu mionaideach.

2.2008.04 LUCHD-OBRACH

Thuirt Art MacCarmaig gun do thòisich Moreen Pringle mar Oifigear Gnìomhachais ann am Port Rìgh, agus thòisich Caomhainn Rodgers mar Oifigear Leasachaidh Fèisean Loch Abar.

2.2008.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a) Aithrisean Adhartais bho Luchd-obrach

Chaidh Aithrisean Adhartais bho luchd-obrach a sgaoileadh agus thug buill a' Bhùird fa-near do

na h-aithisgean seo. Thug an Cathraiche taing don luchd-obrach airson na h-obrach aca.

(b) Measadh Chunnartan

Chaidh aithisg a sgaoileadh le Iona NicDhòmhnaill a' cur an cèill an t-adhartas a rinneadh gu ruige seo air cruthachadh Poileasaidh Measadh Chunnartan agus dreachd de Chlàr Chunnartan.

Chaidh aontachadh gum feum am Bòrd agus luchd-obrach a bhith an sàs ann an còmhraidhean mun Phoileasaidh agus Clàr agus a bhith gan dealbh. Thachradh seo aig Coinneamh a' Bhùird a bharrachd a bhathar an dùil a chumail san Lùnastal. Bhathar an dòchas Neach-cuideachaidh a thoirt a-staigh gus seo a dhèanamh nas fhasa.

(c) Co-labhairt is Coinneamh Bhliadhnail 2008

Thuirt Anna Willoughby gun deigheadh seo a chumail san Taigh-òsta West End, sa Ghearasdan air 19 & 20 An t-Sultain.

Bha grunn mholaidhean ann a thaobh cò dha am faodadh iad cuireadh a thoirt don Choinneamh Bhliadhnail agus chaidh aontachadh fios a chur gu Ailig Salmond fhaicinn am b' urrainn dha a bhith an làthair.

Ma tha seiseanan/cuspairean sònraichte aig duine a bu thoigh leotha a chumail/a thogail aig a' Choinneimh Bhliadhnail, bu chòir dhaibh post-d a chur gu Art MacCarmaig le fiosrachadh cho luath 's as urrainn. Thathar an dùil Seisean mun Phlana Leasachaidh a chumail mu thràth.

(d) Fèis Bhlas 2008

Ruith Dàibhidh Boag thairis air a' Phròram bharraichte aig Fèis Bhlas 2008 a thèid a chumail eadar 5 – 15mh an t-Sultain aig àiteachan air feadh na Gàidhealtachd.

Chaidh a h-uile càil a cho-òrdanachadh air chor 's gun deigheadh an làrach-lìn, am pròram clò-bhuailte, brathan-naidheachd, follaiseachd m.s.s.a. uile fhoillseachadh "beò" air an Latha Fhoillseachaidh air Diardaoin 29 An Cèitean.

Tha 43 cuirmean-ciùil foirmeil gu bhith ann a thuilleadh air tòrr thachartasan neo-fhoirmeil/"air an iomall".

Bha iad a' reic thiocaidean sa chumantas tron Ticket Booth, ach an fheadhainn airson a' Chuirm-chiùil aig Eden Court a bha ag iarraidh air daoine fòn a chur gu Eden Court fhèin airson tiocaid. Bhiodh an cothrom aig an fheadhainn a thig tràth tiocaidean a cheannach aig prìs nas saoire suas gu deireadh an Iuchair.

Chan eil tiocaidean saor 's an asgaidh/airson aoighean ann, ach chaidh aontachadh gum pàigheadh Fèisean nan Gàidheal suas gu £50 air ais gu gach ball a' Bhùird a dh'ionnsaigh chosgaisean Thiocaidean Bhlas.

Thug buill a' Bhùird taing do Dhàibhidh Boag agus a h-uile duine an sàs ann airson na h-obrach a rinn iad, agus dh'aontaich iad gu robh am Pròram a' coimhead sgoinneil agus gu robh rudeigin ann airson a h-uile duine. Tha an làrach-lìn cuideachd a' coimhead math agus bha e furasta siubhal an làraich agus bha tòrr fiosrachaidh ann.

(e) Coinneamh Fèis Bhlas Earr

Thug buill fa-near do gheàrr-chunntas a' chiad choinneimh de dh'Fhèis Bhlas Earranta a chaidh a chumail sa Mhàrt 2008. Dheigheadh an ath choinneamh a chumail aig an Fhèis fhèin.

2.2008.06 CÙISEAN EILE

(a) Coinneamh a' Bhuidhinn Ghnìomh

Chaidh na pàipearan bho choinneamh a' Bhuidhinn Ghnìomh, a chaidh a chumail air 12 An Cèitean 2008, a sgaoileadh air post-d a-mhàin agus thug na buill fa-near dhaibh.

(b) Ceann-latha na h-ath choinneimh

Bha còir aig an ath choinneamh a bhith air a cumail aig a' Choinneimh Bhliadhnail sa Ghearasdan san t-Sultain, ach mar a chaidh aontachadh na bu thràithe aig a' choinneimh, dheigheadh coinneamh a' Bhùird a bharrachd a chumail a-nis ann an Inbhir Nis san Lùnastal gus bruidhinn air a' Phlana Leasachaidh agus am Poileasaidh Tomhas Chunnartan. Dheigheadh post-d a sgaoileadh don luchd-obrach uile agus buill a' Bhùird gus faighinn a-mach dè an latha as freagarraiche.

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas de choinneamh den Bhuidheann Ghnìomh a chaidh a cumail anns an h-oifisean aig Fèisean nan Gàidheal, 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis, Dimàirt 2 An t-Sultain 2008, bho 3f

Àireamh air a' Chlàr: 3.2008.01(e)

EX3.2008.01 PRELIMINARIES

(a) Present

Katie Adam (Fèis a' Bhaile, Chair), George Stoddart (Fèis sa Mheadhan, Secretary/Treasurer), Peggy Nicolson (Fèis an Earraich, Vice-Chair), Arthur Cormack (Fèisean nan Gàidheal Chief Executive), David Boag (Fèisean nan Gàidheal Development Manager), Anne Willoughby (Fèisean nan Gàidheal Executive Manager), Alasdair MacLeòid (Highlands & Islands Enterprise).

(b) Apologies

Alasdair MacLeòid (Highlands & Islands Enterprise), Morag Anna MacLeod (The Highland Council), Ian Smith (Scottish Arts Council).

(c) Minutes of previous Executive Group meeting for approval

George Stoddart moved approval of the minutes as a true record, and this was agreed.

(d) Matters arising

Arthur reported that he acquired the new HIE logo and it was now being used on all publicity materials.

EX3.2008.02 PROJECT UPDATES

(a) Bòrd na Gàidhlig contract 2008-09 (verbal - David)

David Boag provided an update on the Bòrd na Gàidhlig contract for 2008-09. Fèisean nan Gàidheal were allocated funding of £80,000 on the following basis, Blas had received £25,000, Gaelic Training for Tutors £5,000, Gaelic Development £25,000 and the Drama Summer School £25,000. He had applied for more funding but expressed disappointment that there was no funding for Meanbh Chuileag and Fèisean Drama, However, £25,000 was received from The Scottish Government for Meanbh Chuileag. He reported that the majority of targets had been achieved already and the Drama Summer School had been very successful.

(b) YMI contracts (verbal - Arthur)

The YMI contracts for Highland were continuing. The CE reported that there was a slight overspend on the YMI budget due to recouping overspend on resources the previous year but were set to be within budget this year. Norman Bolton was very supportive and a service level agreement was now in place. The programme for this year allowed for more flexibility within the schools.

East Lothian Council had appointed a member of staff to continue their programme and no longer required delivery support from Fèis Dhùn Èideann.

(c) Blas Festival Progress Report (verbal – Arthur/David)

David reported that there were around 2000 tickets already sold online compared to around 700 this time last year and 3/4 concerts already sold out.
Funding of £25k had been secured for 2009 from Homecoming Scotland with the same sum from Event Scotland for this year. This would allow 10 concerts to take place out with the Blas programme.

Arthur reported that Donna had established a 'Friends of Blas' committee and it was anticipated that further funding and sponsorship might be secured through this venture.

(d) Archiving Project Report (verbal – Arthur/David)

David reported that this project was progressing really well. Emily Edwards working with Fèis à' Bhealaich had produced a booklet on the local area. Ronan Martin was helping with the design and all other

booklets produced would follow in the same style. Work with Fèis Air an Oir was progressing very slowly. Emily was also working with Jenna and Calum Alex on a project involving the Western Isles Fèisean. They were concentrating on Fèis Eilean na Hearadh but hoping to expand this throughout the Western Isles Fèisean.

Work with Fèis Ceann Loch Coibhle and a collaboration with Fèis Rois, Fèis à' Chaolais and Fèis Chataibh was also in the pipeline.

Katie Adam on behalf of The Board expressed her thanks to Emily on her good work to date.

EX3.2008.03 STAFFING ISSUES

(a) General update (verbal – Arthur)
Arthur reported that Kevin Rodgers had now moved to Fort William.

Deirdre Graham was due to end her graduate placement at the end of September. It was agreed that her contract be renewed for another year.

Kayleigh MacLennan had been on a summer placement for 10 weeks, finishing mid-August. During this time she was involved in a lot of activities and spent time in Barra and Lewis.

David was happy to report that Douglas Beck who had been considering going in for teacher training was now staying with Fèisean nan Gàidheal.

Annual staff appraisals were due to take place in September/October 2008.

EX3.2008.04 FINANCIAL ISSUES

(a) Financial Report (circulated - Anne)
A report from the Executive Manager had been circulated. Funding was due to come in from HIE and Highland Council for YMIS. Expenditure was due to increase over the next few weeks due to Blas but there were no concerns over the overall financial position.

(b) Bank Balances and up to date information (verbal - Anne)
The current bank balances were given as follows:

- £1,345.41 in the Current account
- £1,321.25 in the Blas account
- £92,915.35 in the High Interest account

It was confirmed that monies paid to Blas come through the Fèisean nan Gàidheal account and are transferred when required. There was no money on deposit but a substantial amount was due in which would be transferred to deposit account.

(c) Quarterly Report on funding targets (circulated - Arthur)
This had been circulated for information only and its contents were noted. All targets were progressing as anticipated.

(d) Bòrd na Gàidhlig Funding Agreement 2008-09 (circulated for information)
This had been circulated for information only.

(e) Quarterly management accounts (circulated - Anne)
Angus Nicolson had prepared quarterly accounts to 30 June 2008, which had been circulated for Board members to note. There had been a few amendments to the management accounts due to queries regarding staff expenses and project expenses and Anne was waiting to get the adjusted figures back from Angus Nicolson. The updated version was being included in the Board papers.

Accounts for the year were still to be finalised and also consolidated accounts for presentation to the Board. Arthur had to submit year-end detail to Angus as the enhanced audit requirements mean more detail is required annually. It was requested that Angus Nicolson attend the AGM if possible.

EX3.2008.05 DEVELOPMENT ISSUES

(a) Fèis Academy (verbal - Arthur)

The CE reported that there was not a lot happening through the summer months. Bryan Beattie had been in touch regarding the possibility of ESF funding. Anne questioned how this would be progressed due to involvement of multiple organisations and strict monitoring and evaluation requirements. It was understood it would be a consortium bid.

(b) Risk Assessment (verbal - Arthur)

Following on from a successful meeting in Inverness Arthur hoped that a Draft Risk Register would be available from Deloittes in time for the next Board meeting.

David highlighted problems regarding risk assessment models for Fèisean. Katie reported that the Care Commission model could perhaps be adapted.

(c) Fèisean nan Gàidheal Conference and AGM 2009 (verbal - Anne)

Anne reported that responses for the conference and AGM were slow but up to 14 Fèisean were attending so far and numbers were currently around 50. It was clashing with the launch of the Gaelic Digital service. Arthur reported that this had caused difficulty regarding the guest speaker as all those contacted were either unavailable or attending the launch. He had contacted Norrie MacIver regarding a link up if they were running a news event on the night. were Iona had met with staff to discuss risk issues covering events.

Katie Adam suggested emailing the BBC to let them know that members of The Board would have attended otherwise.

The annual report was nearly complete and waiting on Katie to complete the Chair's report. David was going to email her a draft to approve. It was to be sent to Alasdair Campbell for translation no later than Thursday.

EX3.2008.06 BOARD MEETINGS

(a) Agenda items to be included in the September Board meeting (to be agreed)

- Risk Assessment/Risk Register
- Fèis Academy
- Presentation from Nicola - new developments
- YMI contract/agreement
- Blas meeting 16 September update – verbal from George
- Selection of Board members/co-opted members

The above items were to be included on the Agenda.

EX3.2008.07 GENERAL

(a) AOCB (verbal)

The Board agreed to invite Donna Cunningham (Blas Director) and Brian ohEadhra (Blas Artistic Director) to the AGM.

(b) Date and venue of next meeting

There was no date confirmed as new Board members had to be elected prior to the next meeting.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas a-rèir Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal
Àireamh air a' Chlàr: 3.2008.02(a)

A' leantainn seo tha geàrr-iomradh air na taisbeanairean coileanaidh – no toraidhean – a ghabhail a-steach, suidhichte mu choinneamh ceumannan taobh a-staigh Plana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal (FnG) le Comhairle Ealain na h-Alba (CEA), Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (IGE), Bòrd na Gàidhlig (BnG) agus, airson na bliadhna seo a-mhàin, Gàidhealtachd 2007 (G2007) a thaobh rèiteachaidhean maoineachaidh fa leth leis na buidhnean sin.

D (Dearg) = Chan eil air-slighe an-dràsta, agus chan eil ceumannan gus adhartas a ghleidheadh ann an àite fhathast. Cunnart gum faodar targaidean a chall
O (Orains) = Chan eil air targaid an-dràsta, ach le ceumannan ann an àite gus adhartas a ghleidheadh
U (Uaine) = Air targaid

Fios. Plana Leas.	Ceum ann am Plana Leasachaidh	Dleastanas	Taisbeanairean Coileanaidh	Adhartas	Inbhe
1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh an raoin ghnìomhan aca**				
1.1	Sgeama Thabhartasan airson Fèisean	Ceannard	Leantainn air adhart a' ruith Sgeama Thabhartasan airson Fèisean (Targaid CEA)	Sgeama thabhartasan ann an àite	**U**
				Tabhartasan gam pàigheadh a-mach a rèir aontachaidhean	
		Manaidsear Ghnìomha	Lìbhrig taic Cobhair-tabhartais do 35 Fèis aig a' char as lugha gach bliadhna (Targaid IGE)	Tabhartasan air an tabhann do 44 Fèisean airson 2008-09	**U**
				Tabhartasan air an tabhann do 36 Fèisean ann an sgìre Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean	
		Manaidsear Leasachaidh	Le IGE agus càch, leudaich an t-ionmhas a tha ri fhaotainn do R & L tro Mhaoin Leasachaidh na Fèise (Targaid CEA)	Maoin £60k ri fhaotainn airson 2008-09	**U**
				Modh tagraidh fosgailte, leantainneach	
				Tha pròiseactan ri aontachadh.	
		Manaidsear Leasachaidh	Thoir taic do 3 pròiseact ùr agus innleachdach aig a' char as lugha gach bliadhna tro Mhaoin Leasachaidh na Fèise (Targaid CEA)	Tha làn dhùil gun tèid seo a choileanadh. Tha grunn tagraidheran air tighinn air adhart am-bliadhna.	**O**
1.2	A' lùghdachadh an eallaich air saor-thoilich	Oifigearan Leasachaidh	Luchd-obrach taice suidhichte	Ghabh buill na sgioba leasachaidh grunn fhèisean os làimh mar Phrìomh Oifigear agus thèid coinneamhan mheasaidh fhoirmeil a	**U**

				chumail tron bhliadhna.	
		Oifigearan Leasachaidh	Raon de sheirbheisean taice suidhichte	Le fiosrachadh mionaideach gu h-ìseal fon cheann seirbheis iomchaidh.	**U**
		Oifigear Trèanaidh Oifigear Gàidhlig Oifigearan Leasachaidh	Tha poileasaidhean air an dèanamh cho furasta 's a ghabhas airson 's gun urrainn do shaor-thoilich an lìbhrigeadh	A' chuid as motha de phoileasaidhean rim faotainn airson an luchdachadh a-nuas air làrach-lìn agus air CD uair gach bliadhna.	**U**
				Trèanadh air a thabhann nuair a tha feum air gnìomh bho shaor-thoilich	
				Taic phragtaigeach le buileachadh poileasaidh Gàidhlig agus cùrsaichean freagarrach air an tairgse do luchd-teagaisg, luchd-eagrachaidh agus soar-thoilich.	
				Ag obair an-dràsta air cothroman agus chaidh bùth-obrach measadh chunnartan air a cumail anns an Lùnastal.	
		Manaidsear Ghnìomha Oifigearan Leasachaidh Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh	Leantainn air adhart le sgeama Uairean Bliadhnail, le àrdachadh ann an reata gach uair a thìde	Uaireannan stèidhichte air an tabhann airson 2008-09 mar phàirt de thairgse tabhartais	**U**
				Sgioba Leasachaidh ag obair na bu dlùithe ris an luchd-obrach a tha air am fastadh tron sgeama seo agus Oifigear Treànaidh agus Poileasaidh ri dhèanamh cinnteach gum bi iad uile a' nochdadh aig an Fhèis Thèanaidh.	
		Ceannard	Cuir an dreuchd 5 Oifigearean Leasachaidh Fèise ionadail (Targaid IGE)	4 oifigearean leasachaidh an dreuchd an-dràsta.	**O**
				Oidhirp eile gus dreuchd Oifigear Leasachaidh a stèidheachadh le comhairlean bailteil air gluasad air adhart le ùidh aig Tearlach Bell seo a thoirt air adhart mar phìart den Phlana Gàidhlig aig Comhairle Baile Ghlaschu.	
1.3	Co-labhairt Bhliadhnail	Manaidsear Ghnìomha Oifigear Gnìomhais Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh	Cùm Co-labhairt Bhliadhnail (Targaid CEA)	Co-labhairt 2008 gu bhith anns a' Ghearasdan air 19mh agus 20mh Sultain.	**U**
1.4	Àrachas	Manaidsear Ghnìomha	Còmhdach àrachais gu leòr suidhichte airson Fèisean nan Gàidheal, a luchd-obrach agus gnìomhan Fèise uile.	Poileasaidh air ath-bhreithneachadh agus air ùrachadh gach bliadhna	**U**
				Chaidh còmhdach a leudachadh agus suimean le àrachas àrdachadh mar a tha iomchaidh.	
1.5	Banca ionnstramaidean ciùil	Oifigear Gnìomhais	Iasad cunbhalach de dh' ionnstramaidean do dh'Fhèisean.	Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh	**U**
				Tha iarrtas a' toirt bàrr air solarachadh ann an Ionnstramaidean Fèise a tha a-muigh a' mhòr-	

				chuid den bhliadhna	
			Air màl gu daoine fa leth gus teachd-a-steach a mheudachadh.	Cinnteach gun tèid ar targaid airson ìre de dh' ionnstramaidean air màl air ruighinn.	**U**
1.6	Sgrùdadh Sgaoilidh	Neach-tionail Manaidsear Ghnìomha	Luchd-teagaisg agus saor-thoilich uile an lùib nam Fèisean air sgrùdadh Sgaoilidh neartaichte fhaotainn.	Obair leantainneach.	**U**
				Sgrùdaidhean a-nis gan ùrachadh dhaibhsan a tha air a bhith air an stòr-dàta nas fhaide na trì bliadhnaichean.	
			Lean air adhart a' dèanamh cinnteach à deagh-chleachdadh a thaobh Dìon Chloinne (Targaid CEA)	Poileasaidh air ùrachadh agus air a sgrùdadh air stèidh leantainneach, le mothachadh gu bheil atharrachaidhean gu bhith a' tighinn air an t-siostam gu nàiseanta. Tha pìos anns a' Chuairt Litir a tha air a cuairteachadh an-dràsta.	**U**
				Feumaidh na Fèisean uile liosta de luchd-teagaisg a chur a-steach agus tha tar-fhiosrachadh air a chumail orra gus dèanamh cinnteach gu bheil Sgaoileadh làithreach aca, mus tèid tabhartas a phàigheadh.	
				Duilgheadasan ann le cuid de dh'fhèisean a tha gam fàgail gun tabhartas aig amannan.	
1.7	Cumail suas stòr-dàta Luchd-teagaisg Fèise	Oifigear Gnìomachais	Dàta, a thathar ag ùrachadh gu tric, ri fhaotainn an còmhnaidh.	Chaidh ath-nuadhachadh a dhèanamh air an stòr-dàta gus a dhèanamh nas fhasa a chleachdadh.	**U**
1.8	Leasachadh, sgaoileadh agus reic fhoillseachaidhean	Oifigear Gnìomachais	Foillsich leabhar a' comharrachadh 25 bliadhna de dh' Iomairt nam Fèisean ro no ann an 2006 (Targaid IGE)	Tha sinn an-dràsta ag obair air a bhith a' reic na 's urrainn dhuinn tro Fhèisean, bhùiththean msaa	**U**
1.9	Dèanamh agus sgaoileadh naidheachdan cunbhalach agus fiosrachadh eile	Oifigear Gnìomhachais Luchd-obrach air fad		*Faileas* a-nis ga dhèanamh gu proifeasanta air stèidh chunbhalach iris anns an Òganhios agus iris eile ri thighinn anns an t-Sultain.	**U**
				Fiosrachadh de gach seòrsa a' buntainn ri Fèisean ga sgaoileadh air stèidh chunbhalach – cothroman maoineachaidh, fiosrachadh *VAN*, cothroman obrach, tachartasan msaa	
1.10	Taic airson Fèisean ùra	Manaidsear Leasachaidh	Cruthaich 2 Fhèis ùr gach bliadhna (Targaid IGE)	Fèis Dhùn Omhain, Fèis Dhrochaid a' Bhanna, Fèis Cholla agus Fèis Dhiùra ri gabhail àite airson a' chiad thuras ann an 2008-09.	**U**
1.11	A' toirt taic do leasachadh Fhèisean, no cruinneachaidhean de dh'Fhèisean, ag iarraidh barrachd neo-eisimeileachd	Ceannard Manaidsear Leasachaidh Oifigearan Leasachaidh	Lean air adhart a' toirt taic do phròiseactan Fèise fa leth leithid gnìomhan leudachaidh Fèis Bharraigh (Targaid CEA)	A' toirt taic do dh'Fhèisean Lochabair le Oifigear Leasachaidh ùr làn-ùine ann an dreuchd.	**U**
				Tha Fèis Spè a' faighinn taic bhon mhaoin stiùireadh pròiseict againn airson Oifigear Leasachaidh pàirt-ùine agus pròram obrach.	

				Tha sinn a' leantainn le taic do dh'Fhèis Bharraigh le stiùireadh Neach-obrach Pròiseict pàirt-ùine bho latha gu latha	
				Tha Fèisean ann an sgìre InG a' faighinn taic le airgead a bharrachd bhon Mhaoin Leasachaidh againn gus maoin a dh'fhaodadh iad a bhith a' dùileachadh fhaighinn bhon LEC aca a chothromachadh.	
				Tha sinn air a bhith a' cumail stiùir ri Fèis Rois aig àm far a bheil atharrachaidhean air a bhith a' gabhail àite.	
1.12	A' leudachadh taic airson nam Fèisean taobh a-muigh sgìrean 'traidiseanta' ùghdarrais ionadail	Ceannard	Le co-obrachadh le aon ùghdarras ionadail no barrachd, cuir Oifigear Leasachaidh an dreuchd gus Fèisean a chòmhdach nach eil air an còmhdach le oifigearan a tha ann mar-thà. (Targaid CEA)	Mar a thathar ag aithris gu h-àrd, tha sinn a' coimhead air cho ion-obrachail 's a bhiodh e oifigear fhastadh gus na raointean seo a sheirbheiseachadh.	**O**
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**				
2.1	Deasaich Poileasaidh Gàidhlig airson Fèisean nan Gàidheal, ris an gabh buill na buidhne	Oifigear Gàidhlig	Leasaich agus meudaich ruigsinneachd do chànan agus cultar na Gàidhlig tro bhuileachadh Poileasaidh Cànain Gàidhlig agus leasachadh gnìomhan dràma Gàidhlig, a' gabhail a-steach Sgoil Shàmhraidh airson Dràma Gàidhlig (Targaid CEA)	Poileasaidh air a thoirt gu foirmeil do dh'Fhèisean le litrichean tairgse, cuide ri stiùireadh, agus tha fianais gu bheil nas motha de dh'Fhèisean an-sàs ann an obair mhath a chur an gnìomh.	**U**
				Planaichean Gàidhlig agus fiosan-ùra bliadhnail air an cur a-steach gu Fèisean nan Gàidheal agus bidh seo mar phàirt de na coinneamhean mheasaidh bhliadhnail.	
			Leasaich a' Ghàidhlig anns an Fèisean (Targaid BnG)	Taic as motha air a thoirt gus buileachadh gu h-èifeachdach tron Sgioba Gàidhlig againn.	
				Seach gu bheil uidheamachdan taice a-nis suidhichte, tha nas lugha de leisgeulan aig Fèisean gun a bhith a' buileachadh a' phoileasaidh nas iomlaine. Chaidh aonta a dhèanamh leis a h-uile fèis air dè bu chòir dhaibh a bhith a' dèanamh nuair a chaidh coinneamh a chumail riutha.	

2.2	Leasaich Sgioba Leasachaidh airson na Gàidhlig	Oifigear Gàidhlig	Sgiobannan a bhruidhneas a' Ghàidhlig ri bhith rim faotainn do dh'Fhèisean ionadail	Bidh Sgioba-G a' tadhal air Fèisean gu tric gus Fèisean a chuideachadh le buileachadh Poileasaidh Gàidhlig, agus le pròg ram obrach a dhèanamh gus freagairt air feumalachdan fa leth.	**U**
2.3	Leasaich uidheamachdan airson a' Phoileasaidh Ghàidhlig againn a lìbhrigeadh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal	Oifigear Gàidhlig Oifigearan Leasachaidh Oifigear Trèanaidh agus Poileasaidh	Leasachaidhean agus stuthan gu bhith air an cruinneachadh (Targaid BnG)	Obair leantainneach a tha seo. Tha taic ri fhaotainn le eadar-thangachaidhean; faodaidh luchd-teagaisg, luchd-eagrachaidh agus luchd-obrach pàirt a gahbhail ann an grunn chùrsaichean; agus tha air air am measadh ann an dòigh iomchaidh.	**O**
			Stòr-dàta de bhriathran agus bhriathrachas airson Fèisean ri bhith air a leasachadh (Targaid BnG)		
			Cùrsaichean Gàidhlig agus stuthan gu bhith air an lìbhrigeadh (Targaid BnG)		
			Measadh ri dhèanamh (Targaid BnG)		
2.4	Leasaich Fèisean a tha gu tur tro mheadhan na Gàidhlig, agus teagasg tro mheadhan na Gàidhlig aig Fèisean a tha ann mar-thà agus feadhainn ùra	Ceannard Oifigear Gàidhlig	Àireamh fhàsmhor de dh'Fhèisean tro mheadhan na Gàidhlig	6 Fèisean a-nis tro mheadhan na Gàidhlig, agus teagasg tro mheadhan na Gàidhlig ga leasachadh ann am Fèisean nach eil gu tur tro mheadhan na Gàidhlig.	**O**
				Thèid sùil a chumail air a seo le aithrisean-sgrùdaidh.	
		Manaidsear Leasachaidh Bòrd	Dèan cinnteach à dealas do Ghàidhlig am measg Fèisean ùra	Cha tèid Fèisean ùra a leigeil a-steach airson ballrachd gun taisbeanadh gu bheil dealas aca don Ghàidhlig.	**U**
				Feumaidh buill a' Bhùird aontachadh ri iarrtas ballrachd sam bith.	
2.5	Leasachadh Dràma na Gàidhlig	Oifigear Dràma	Leasaich 2 Fhèis airson dràma Gàidhlig (Targaid CEA)	Tha dùil againn 4 Fèisean Dhràma a chumail ann an 2008-09.	**U**
		Oifigear Dràma	Lìbhrig 2 sgoil shamhraidh Ghàidhlig aig a' char as lugha (Targaid IGE)	Chaidh a' chiad Sgoil Shamhraidh a cumail anns an Iuachar le 19 com-pàirtichean agus bha i fìor shoribheachail.	**U**
			Sgoil Shamhraidh Dràma ri gabhail àite (Targaid BnG)	Tha seo fo stiùir làitheil Dougie Beck agus Bhuideann-stiùiridh agus thèid aithisg mheasaidh a dheasachadh.	
			Measadh air buannachadan na Sgoil Shamhraidh (Targaid BnG)		
3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh na h-earrainn foghlaim foirmeil**				
3.1	Cùmhnant airson Iomairt Ciùil Òigridh sa Ghàidhealtachd	Ceannard/ Co-òrdanaiche ICO	Lean air adhart a' leasachadh obair nam Fèisean leis an earrainn fhoghlaim fhoirmeil, ann an com-pàirteachas le ICO sa Ghàidhealtachd agus ann an Lodain an Ear (Targaid CEA)	Leantainneach, agus a' ruith gu soirbheachail air Gàidhealtachd.	**U**
6.4	**Àrdaich agus tog ìomhaigh Iomairt nam Fèisean agus a soirbheachais le 10 pìosan de chòmhdach ionadail/roinneil agus 3 Pìosan de Chòmhdach nàiseanta gach Bliadhna (Targaid IGE)**
	Tha pìosan de chòmhdach ionadail air a' dol a mach fad an t-samhraidh. Bidh a barrachd leasachaidh air an seo nuair a tha mi nas eòlaiche air mo dreuchd.
	Dèan sgrùdadh air com-pàirteachasan nas motha leis an earrainn choimeirsealta (Targaid CEA)
	Tha mi gu bhith ag obair còmhla ri oifigearan leasachaidh nam Fèisean.
6.6	**Làrach-lìn agus Teicneolas Fiosrachaidh agus Conaltraidh (TFC)**
	Tha Làrach-lìn www.feisean.org ga ùrachadh gu cunbhalach. Tha luchd-obrach uile air trèanadh fhaighinn.

Neach-obrach	**Dougie Beck**
Dreuchd	**Oifigear Dràma**
Ràithe na h-aithisg	**An t-Ògmhios – An t-Sultain 2008**

Earrann 1 Adhartas air Targaidean Fèisean nan Gàidheal a tha a' buntainn riumsa	
Àir. Targaid	**Targaid** Iomradh air adhartais
1.9	**Thoir taic do leasachadh nam Fèisean fa-leth, a' brosnachadh sàr dhòighean-obrach agus ag àrdachadh na h-àireimh de thachartasan a nì iad.**
	Deasachadh agus sgaoileadh naidheachd agus fiosrachadh eile
	Bidh mi a' sgrìobhadh co-dhiù aon airtigeal airson gach iris de dh'Fhaileas, mar as trice a' toirt iomradh air na tachartasan dràma anns an robh mi an sàs.
2.1	**Leasaich mar a chleachdar a' Ghàidhlig taobh a-staigh iomairt nam Fèisean, a' leasachadh an fhacail labhairte mar dhòigh conaltraidh agus meadhan teagaisg, a rèir feumalachdan sgìre na Fèise.**
	Leasaich agus àrdaich cothroman an cànan agus an cultar a chleachdadh tro phoileasaidh Gàidhlig agus leasachadh Sgoil Shamhraidh Dhràma (targaid SAC).
	Bidh mi a' bruidhinn gu tric ris an oifigear Ghàidhlig air gnothaichean a tha a' buntainn ris a' phoileasaidh Ghàidhlig, an dà chuid a' tabhann agus a' tairgse comhairle. A thaobh a bhith a' cur a' phoileasaidh ann an gnìomh, bidh mi a' tabhann taic a thaobh eadar-theangachadh agus obair-deasachaidh don oifigear Ghàidhlig, don luchd-obrach air fad, agus do na Fèisean, mar a tha iomchaidh. Chaidh an Sgoil Shamhraidh a chumail ann am Port Rìgh eadar 30 Ògmhios agus 11 Iuchar, agus bha 18 daoine òga, aois 14 gu 18, an làthair. Chaidh gnothaichean a stiùireadh le sàr eòlaichean dràma, le taic bho bhuidhinn de dh'iar-luchd-teagaisg. Thàinig a' cheala-deug gu crìch le oidhche de dhràma, a' taisbeanadh na dh'ionnsaich na com-pàirtichean. Tha na fhuair sinn de mheasadh bho na com-pàirtichean agus an luchd-teagaisg air a bhith ainmeil, agus fhuaradh tòrr comhairle a bhios feumail airson nam bliadhnaichean ri teachd. Tha sinn air Òstail na h-Àrd-sgoile ann am Port Rìgh a chur air dòigh airson 2009, agus gheibh planaichean airson SSD 2009 gu dol as t-fhoghar. Thathar an dòchas gun cruinnich na com-pàirtichean airson panto a dhèanamh ron Nollaig.
2.5	**Leasachadh Dràma na Gàidhlig**
	Cuir sreath de dh'Fhèisean Dràma air dòigh (targaid SAC)
	Thuige seo, cha deach maoineachadh a dhearbhadh ach airson aon Fhèis Dhràma, a dh'fheumas tachairt air Ghàidhealtachd. Tha sinn air bruidhinn ri na sgoiltean Sgitheanach, agus tha iad air leth deònach pàirt a ghabhail a-rithist ro dheireadh a' Mhàirt, agus bidh am pròiseact seo a' faighinn gu dol san Fhaoilleach. Tha sinn an-dràsta a' cur fios gu sgoiltean Siorrachd Rois agus Chataibh feuch an ruith sinn am pròiseact an sin a-rithist. Uile gu lèir, tha sinn airson pròiseactan a ruith ann an Ros/Cataibh, an t-Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse, Leòdhas agus na Hearadh ('s dòcha x2), Loch Abar agus Earra Ghàidheal agus an dàrna cuid ann an Uibhist/Barraigh no sna Bailtean Mòra. Tha sinn fhathast a' feitheamh air dearbhadh a thaobh taic airgid airson nam pròiseactan seo.
	Lìbhrig co-dhìu dà Sgoil Shamhraidh Dhràma (Targaid HIE)

	Faic shuas
	Lìbhrig Sgoil Shamhraidh Dhràma (Targaid BnG)
	Faic shuas
	Meas buannachdan na Sgoile Samhraidh (Targaid BnG)
	Chaidh foirm-measaidh a thoirt seachad don a h-uile com-pàirtiche (18) agus chaidh 15 a thilleadh. A bharrachd air sin, chaidh seisean measaidh a chumail, a chaidh a fhrithealadh leis a' mhòr-chuid de chom-pàirtichean, air latha mu dheireadh na Sgoile, agus chaidh seisean measaidh fa-leth a chumail airson an luchd-teagaisg. Bidh mi a' sgrùdadh an fhiosrachaidh seo a dh' aithghearr agus tha e mar amas dhomh aithisg a chur ri chèile.
3.3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh saoghal an fhoghlaim fhoirmeil**
	Meanbh-chuileag ri tadhal air 5 sgìrean LEC gach bliadhna (Targaid HIE)
	Tha mi air iarraidh air sgrìobhadair pìos ùr de dhràma oideachaidh a thoirt dhuinn, agus bidh seo deiseil as t-fhoghar. Thèid seo air chuairt timcheall na mòr-chuid de bhun-sgoiltean Gàidhlig, a' tòiseachadh san Fhaoilleach. A bharrachd air seo, bidh sinn a' cur seachad seachdain air Taobh Sear Rois agus ann an Cataibh a' dol timcheall sgoiltean le dealbh-chluich a bhios ag amas air taic a thoirt do chloinn a tha ag ionnsachadh Gàidhlig, no a bhios a' toirt dhaibh blasad dhi mas e 's nach eil i aca idir. Tha sinn am beachd cuideachd dealbh-chluiche coltach ri seo a thoirt timcheall sgìrean eile den Ghàidhealtachd, agus de dh'Alba air fad, ach tha seo an crochadh air maoineachadh.
5.3	**Leasaich trèanadh do dhaoine a tha an sàs ann an Iomairt nam Fèisean agus airson sàr-mhathas anns an Iomairt a bhrosnachadh.**
	Iomairtean do dheugairean
	Thathar den bheachd gum bi buaidh a ghabhas tomhais, thairis air grunn bhliadhnaichean, air comasan dràma, comasan cànain, sgilean eadar-dhaoine dhaoine òga, agus cuideachd air a' bheachd a th' aca air a' Ghàidhlig agus air na h-ealain Ghàidhlig. Tha na fhuaradh de mheasadh bho chom-pàirtichean na Sgoile Samhraidh a' nochdadh gu bheil iomairtean a leithid seo a' còrdadh ri daoine òga agus gum bi iad gam brosnachadh gu bhith a' meas na Gàidhlig mar nì chudromach.
	Brosnaich ceanglaichean eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh nam Fèisean tro thaisbeanaidhean mòra agus conaltradh le na meadhanan.
6.1	**A' cruthachadh cheanglaichean**
	Tha sinn air a bhith ag obair gu dlùth le À Eden airson bliadhna no mar sin. Fhuair sinne taic bhuapasan airson nam pròiseactan dràma, agus bha FnG an sàs leotha ann an cuairt timcheall sgoiltean Gàidhlig san t-Samhain an-uiridh. Fhuaradh neach-teagaisg bho Eden Court airson na Sgoile Samhraidh. Bidh sinn ag obair gu dlùth le Eden court air na mìosan a tha a' tighinn, agus aonta bhuapa a bhith an-sàs anns na pròiseactan dràma agus Meanbh-chuileag.
6.6	**Làrach-lìn agus ICT**
	Bidh mi a' cùr ri làrach-lìn FnG mar a tha iomchaidh.
6.7	**Cothroman taisbeanaidh**
	'S e cothrom air leth a th' ann an dràma tàlantan dhaoine òga a thaisbeanadh, agus 's e deagh eisimplear de seo a bh' ann an oidhche thaisbeanaidh na Sgoile Samhraidh. Bidh oidhche thaisbeanaidh aig crìoch gach pròiseact dràma.

Neach-obrach	**Calum Ailig MacMhaolain**
Dreuchd	**Oifigeir Gàidhlig**
Ràithe na h-aithisg	**An t-Ògmhios – An t-Sultain 2008**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Provide support for the development of individual Fèisean, promoting excellent working practices, and developing their range of activities**
1.2	**Reducing the burden on volunteers**

	Policies are made as easy as possible for volunteers to deliver Tha am Poileasaidh Ghàidhlig air a bhith an àite a-nis airson trì bliadhna agus tha sinn an còmhnaidh ag obair leis son dèanamh cinnteach gu bheil gach Fèis a' gabhail ris. Tha ri fhaighinn air an làrach-lìn agus ma tha duine sam bith ag iarraidh copaidh cruaidh gheibh iad sin ma dh'iarras iad. Tha sinn ag obair dlùth le Fèisean an-dràsta son Poileasaidh Ghàidhlig a' sgrìobhadh dhaibh a tha ag amas air ìre Ghàidhlig a thoirt a-staigh dhan Fhèis a tha freagarrach son na com-pàirtichean aca agus an ìre de thachartasan a tha iad a ruith.
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**
2.1	**Deasaich Poileasaidh Gàidhlig airson Fèisean nan Gàidheal, ris an gabh buill na buidhne**
	Leasaich agus meudaich ruigsinneachd do chànan agus cultar na Gàidhlig tro bhuileachadh Poileasaidh Cànain Gàidhlig agus leasachadh gnìomhan dràma Gàidhlig, a' gabhail a-steach Sgoil Shàmhraidh airson Dràma Gàidhlig (Targaid CEA) Tha am poileasaidh Gàidhlig air a bhith ann an àite a-nis trì bliadhna agus tha sinn ag obair gu dlùth a' dèanamh cinnteach gu bheil gach Fèis a' gabhail ris a' phoileasaidh. Tha sinn a' toirt cuideachadh gu cuid dhan na Fèisean le bhith eadar-theangachadh an fhiosrachadh a bhios iad a' sgaoileadh. Tha mi ag obair gu dlùth le na h-oifigearan leasachaidh son dèanamh cinnteach gu bheil Fèisean a' faighinn an taic a tha iad a' feumachadh son a' Phoileasaidh a chuir an gnìomh.. Tha na Fèisean a-nis, le taic bho na h-oifigearan leasachaidh agus mi-fhìn, a' leasachadh poileasaidhean Ghàidhlig dhaibh fhèin. Tha iad seo ag innse na cur-seachadan a tha iad a' ruith agus an ìre de Ghàidhlig tha iad a' cleachdadh. Thathar an dòchas gum bi na planaichean seo na bhrosnachadh do na Fèisean son Gàidhlig a leudachadh aig na tachartasan aca. Thèid na poileasaidhean a leudachadh tric agus cho luath sa bhios iad a' coileanadh nan amasan aca. O chionn greis, thoisich Emily, Jenna is mi fhìn air pròiseact thasglann airson na h-Eileanan Siar. 'S e amas am pròiseact pasgain Ghàidhlig a chruinneachadh son na Fèisean anns an sgìre seo. Bidh sinn a' coimhead air òrain, sgeulachdan, ainmean àite agus tòrr rudan eile a bhios feumail dhan na Fèisean. Tha tòrr stuthan ri chruinneachadh, agus bidh e math adhartas fhaicinn air a' Phròiseact agus anns na bliadhnaichean ri teachd bhithinn an dòchas a' Phròiseact seo a leudachadh do sgìrean eile. Chaidh taisbeanadh den a' Phoileasaidh Ghàidhlig agus dòighean son a chuir an gnìomh a dhèanamh aig a' Mhargaid Trèanaidh anns A' Mhàirt Tha Dougie Emily is mi fhìn air coinneachadh uair no dhà airson bruidhinn mun a Phoileasaidh Ghàidhlig agus sinn a beachdachadh air leudachadh agus mar tha beachdan inntinneach air a bhith againn. Thèid barrachd obair a dhèanamh air an seo thairis air na mìosan ri teachd.
2.2	**Leasaich Sgioba Leasachaidh airson na Gàidhlig**
	Sgiobannan a bhruidhneas a' Ghàidhlig ri bhith rim faotainn do dh'Fhèisean ionadail. Am bliadhna tha an Sgioba-g air a bhith cho trang sa bha iad a-riamh. Anns a' chiad leth den bhliadhna thadhal sinn air 10 Fèisean agus thairis air an t-samhraidh bha sinn aig Fèis Chataibh agus Fèis Eilean an Fhraoich le stuthan-taic a' dol gu Fèisean a bha libhrigeadh na cur-seachadan iad fhèin. Tha sinn a leudachadh na cur-seachadan againn an còmhnaidh agus bha mi uamhasach toilichte le mar a chaidh dhuinn aig Fèis Eilean an Fhraoich. Airson an t-seachdain air fad bha sinn a' ruith cur-seachadan a bha stèidhichte air beatha neach-ciùil thraidiseanta. Chòrd seo ri na com-pàirtichean a bha an làthair aig an Fhèis agus tha mi coimhead air adhart ri cleachdadh seo aig Fèisean eile. Anns an Mìosan ri teachd, bidh mi a' lorg stiùirichean ùra son an Sgioba-G, ag amas air latha-trèanaidh a thoirt dhaibh nas fhaide air adhart air a bhliadhna.
2.3	**2.3 Leasaich uidheamachdan airson a' Phoileasaidh Ghàidhlig againn a lìbhrigeadh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal**

	Tha barrachd dhan na Fèisean a' tighinn thugam a-nis a' faighneachd airson cuideachadh le eadar-theangachadh agus tha seo a ciallachadh gu bheil tòrr a bharrachd dhan na Fèisean a' sgaoileadh stuthan anns an dà chànan air fad. **Stòr-dàta de bhriathran agus bhriathrachas airson Fèisean ri bhith air làrach-lìn ro no ann an 2007 (Targaid BNAG)** Tha sinn a' cumail oirnn a' cur ris an Stòr-Dàta cho luath sa bhios sinn a lorg facail is abairtean a bhios feumail dhan na Fèisean. Thèid barrachd obair a dhèanamh air cuspairean mar gnìomhachas, beathaichean is nàdar agus briathrachas ciùil. **Cùrsaichean Gaidhlig agus Stuthan Ghàidhlig son Fèisean (Targaid BnaG** Ged nach bi a h-uile Fèis a faighneachd son Sgioba-G bidh iad a' tighinn thugam son beachdan fhaighinn agus cuideachd son stuthan mar soidhnichean airson na tachartasan aca. Tha na seòrsa stuthan seo agam deiseil son sgaoileadh sa bhad.
2.4	**Develop wholly Gaelic-medium Fèisean and Gaelic medium tuition at existing and new Fèisean**
	Barrachd Fèisean tro Mheadhan na Gàidhlig Bha na h-àireamhan de chom-pàirtichean aig an Fhèis Ghàidhlig is ùra, Fèis a' Chaolais, math dha rìribh agus tha na Fèisean eile a tha tro mheadhan na Gàidhlig air a bhith soirbheachail a-rithist am bliadhna. Bidh mi ag obair le na Fèisean son rannsachadh a dhèanamh a thaobh cothroman son Fèisean a bhith ruith clasaichean tro mheadhan na Gàidhlig aig na Fèisean aca son na com-pàirtichean a tha fileanta sa chànan.

Neach-obrach	**Emily Edwards**
Dreuchd	**Òigear Thasglann agus Pròiseactan Sònraichte**
Ràithe na h-aithisg	**An t-Ògmhios – An t-Sultain 2008**

Earrann	**1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal**
Targaid	**Targaid** Adhartas
4.4	**Pròiseact tasglannaidh ri steidheachadh**
	An-dràsta tha còig Fèisean a’ gabhail pàirt ann am Pròiseact nan Tasglann. Tha pròiseact Fèis a’ Bhealaich a-nis cha mhòr deiseil far an d’ rinn com-pàirtichean na Fèise agallamhan còmhla ri muinntir na sgìre aig a bheil Gàidhlig, agus chaidh na tar-sgrìobhainn agus dealbhan a rinn iad an cuir ri chèile ann an leabhran a bhios ga chuir air bhog aig an Fhèis fhèin an ath-mhios. Tha Fèis a’ Bhaile agus Fèis na h-òige ag obair còmhla air pròiseact mu Bhlàr Cùil-lodair agus rinn na com-pàirtichean 8 agallamh mar tha. Tha mi an dràsta a’ cur barrachd agallamhan air dòigh cuide ri bùth-obrach ann an òrain Ghàidhlig agus sgrìobhadh tionnsgalach. An dèidh dàil de bheagan mìosan, tha Fèis Air An Oir a-nis air tòiseachadh air a’ phròiseact aca agus ag amas air a h-uile agallamh agus tar-sgrìobhadh a bhith deiseil anns an Dùbhlachd 2008. Cuideachd, tha mi ag obair an dràsta le Fèis Ceann Loch Goibhle gus Pròiseact nan Tasglann a chur air dòigh ann an Earraghaidheal.
6.3	**Ceanglaichean Eadar-Nàiseanta**
	Chaidh iarrtas-airgid a chur dhan Highland 2007 Legacy Fund gus pròiseact ùr a steidheachadh eadar com-pàirtichean nam Fèis ann an Siorrachd Rois, An t-Eilean Sgitheanach agus sgìre Loch Abair cuide ri com-pàirtichean bho Fhèis Mhabù ann an Ceap Breatainn. Bhiodh am pròiseact ag amas air com-pàirtichean barrachd ionnsachadh mu dhualchas an dà àite le a bhith a’ rannsachadh cèol, òrain, sgeulachdan agus beul-aithris le taisbeanadh aig Blas agus ‘s docha aig Celtic Colours. Gu mi-fhortanach, cha deach taic-airgid a-riamh aontachadh airson Dealbh Dùthcha a thaisbeanadh ann an Stavanger.
6.7	**Cothroman taisbeanaidh**
	Leis cho soirbheachail sa bha am taisbeanadh ann an Eden Court anns an Fhaoilleach, bidh coimisean Blar Dùghlais air a thaisbeanadh a-rithist le 29 com-pàirtichean nam Fèis mar phàirt de Bhlas 2008 agus aig Taigh-tasgaidh Kelvingrove ann an Glaschu 18 An t-Sultain. Tha planaichean a’

	tighinn air adhart gus com-pàirtichean a thoirt gu Liverpool anns an Dùbhlachd a chluich aig an tachartas 'Dealbh Dùthcha', mar phàirt den thaisbeanadh fad bliadhna Prìomh Bhaile Cultarach na Roinn Eòrpa.

Neach-obrach	**Nicola Marshall**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**
Ràithe na h-aithisg	**An t-Ògmhios – An t-Sultain 2008**

Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.**
	Bha Fèis Mhoireibh ann aig deireadh an Cèitean agus bha mòran chom-pàirtichean ann a-rithist. Bha an fhèis gu math soirbheachail agus mar sin bidh an comataidh a' ruith clasaichean leanntaineach ann an clàrsach agus bodhran anns na mìosan a tha ri thighinn. Tha dà Fhèis an sàs ann am pròiseact tasglann aig an am seo agus tha iad a' faighinn mòran bhuannachd le bhith an sàs anns a' phròiseact. Tha Fèis a' Bhealaich dòchasach gum bi iad deiseal airson an Fhèis aca anns an Dàmhair agus bidh Fèis Air an Oir deiseal ro àm a' Chaisg an ath-bhliadhna. Bha sia Cèilidhean air Cuairt, ceithir anns an sgìre agam, a' ruith anns na saor-làithean a' tadhal air àitichean air feadh na Gàidhealtachd. Tha na Cèilidhean air Cuairt a' dol bho neart gu neart gach bliadhna agus tha e math a' bhith faicinn còmhlain ùr gan steidheachadh. Rinn mi tòrr obair còmhla le na h-oifigearan agus na co-òrdanaichean eile airson na Cuairtean a' chuir air dòigh agus tha mi a smaoineachadh gum be seo am bliadhna as soirbheachail fhathast. Tha Fèis na h-Òige agus Fèis a' Bhaile trang ag obair còmhla. Aig deìreadh an Cèitean chuir iad air dòigh dannsa airson airgead a thogail agus aig Fèis na h-Òige, anns an t-Iuchar, thòisich iad ag ullachadh airson consart aig Fèis Blas far am bi 30 compartichean bho an da Fhèis a' cluiche còmhla. Thachair Fèis Chataibh anns a' chiad sheachdain den Iuchar le ceithir fichead sa trì-deug com-pàirtichean agus fichead sa dhà luchd-teagaisg. Bha an seachdain glè thrang ach chòrd e ris a h-uile duine. Tha mi ag obair còmhla ri Fèis Rois airson an consairt aca 'Ceolraidh' a'cur air dòigh. Bidh sin a' tachairt air 12 An t-Sultain ann an Bidh Fèis Spè, Fèis Rois nan Deugairean, Fèis a' Bhaile and Fèis a' Bhealaich a' gabhail àite eadar seo agus deireadh an Dàmhair.
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**
	Tha Calum Ailig is mi fhìn ag obair dluth ri cheile airson taic a' thoirt dha na fèisean le na planaichean Gàidhlig aca. Aig an àm seo tha mi ag obair còmhla ri na h-oifigearan leasachaidh airson Fèis ùr a cuir air dòigh airson deugairean. Tha sinn dòchasach gum bi an fhèis a' gabhail àite anns an Giblean ann an Tiriodh le 25 compairtichean bho fhèisean eadar-dhealaichte. Bidh cuspairean ann mar obair comhlain, sgilean-teignigeach agus sgilean-sgrìobhaidh.
3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.**

	Bidh Fèis Spè, Fèis an Earraich, Fèis Chataibh agus Fèis Rois a' leantainn le YMI anns na bun-sgoiltean. Bidh Fèis Spè a' leantainn leis na bùthan-obrach aca airson deugairean.
4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth**
	Bha mi ann an Glaschu air 31 Iuchar airson Blas a chuir air bhog air an rèidio agus bidh mi aig iomadach consart mar phàirt den fhèis. Bha Fèis Alba anns a' phloc bho 30 Ògmhios gu 4 Iuchar. Chaidh ceithir buidhnean 'Ceilidh Trail' don Fhèis agus bha 32 com-pàirtichean ann air fad. Dh' Obraich na luchd-teagaisg agus na com-pàirtichean gu math cruaidh agus bha seachdain sgoinneil aig a h-uile duine. Chuir sinn crìoch air an t-seachdain le consairt mìorbhailleach air oidhche Dhiardaoin. Bha mi an làthair aig an fhèis fad na seachdain. Chaidh mi gu Port Righ airson an oidhche mu dheireadh den Sgoil Shamhraidh Dhràma, agus mar Fèis Alba, bha an consairt dìreach air leth.
5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean**
	• 14 Ògmhios – Latha trèanaidh airson Cèilidhean air Chuairt sa Mhonaidh Ruadh • 24 Ògmhios – Trèanadh air Measadh Cunnart le Iona. • 21 Lùnastal – Coinneamh le Judith Bullivant mu dheidhinn Plana Leasachaidh Fhèis Spè • 25 Lùnastal – Latha trèanaidh le buill a' bhuird agus na luchd-obrachd air an cuspair "Measadh Chunnartan" • 25 Lùnastal – Coinneamh le na h-oifigearan leasachaidh
6	**Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.**
	Bha triùir de sean chom-pàirtichean Fhèis Lochabair, iad uile a-nis nan luchd-teagaisg, a riochdachadh Fèisean nan Gàidheal aig tachartas airson Pàrlamaid na h-Alba, a-measg na bha an làthair bha Ailig Salmond, a' Chiad Mhinisteir. Chuir mi iarrtais taic-airgid gu Dìleab Gàidhealtachd 2007 airson pròiseact ur airson 2009. Bidh còig Ceildhean air Cuairt an sàs aig Fèis Blas aig toiseach an t-Sultain. Bidh mi an sàs anns am pròiseact ' Dealbh dùthcha ' ann an Glaschu.

Neach-obrach	**Christine Nic an t-Saoir**
Dreuchd	**Oifigear Taice**
Ràithe na h-aithisg	**An t-Ògmhios – An t-Sultain 2008**

Earrann	**1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal**
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.**

	• Bha mi aig Fèis Thiriodh agus bha còrr is 60 an làthair. Bha clas ùr bhideo aca, agus 's e mise a bha ga ruith. Bha clas sònraichte airson deugairean air fuaim is s clàradh agus bha seo soirbheachail. • Bha mi aig Fèis Arainn, agus bha còrr is 50 a' gabhail pàirt. Tha an fhèis ag amas air barrachd bùthan-obrach fìdhle a dhèanamh tron gheamhradh. • Fèis Lannraig a Tuath. Bha 55 an làthair agus sann tro mheadhan na Gàidhlig a bha na clasaichean air fad. Bha bùth-obrach comhlan airson a' chiad turas riamh agus tha buidheann pop aca air a bhith gu math trang is soirbheachail.
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**
	Tha mise ag aithneachadh gu bheil na Fèisean air fad a dhèanamh barrachd oidhirp airson Gàidhlig a leasachadh. Tha comhlan pop aig Fèis Lannraig a Tuath an sàs le pròiseact airson a' seanail digiteach ùr agus bha clas bhideo ann an Tiriodh tro mheadhan na Gàidhlig. Tha Fèis Glaschu a' ruith clasaichean seinn tro mheadhan na Gàidhlig, agus tha Fèis Innis an Uillt a' cumail clasaichean iomain gach seachdain tro mheadhan na Gàidhlig.
3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.**
	Tha Fèis Ceann Loch Goibhle air a bhith gu math trang leis a' phròiseact sgoile aca, agus tha Fèis Dhun Omhain ag obair gu dlùth le Sgoil Sandbank ag ullachadh airson a' Mhòd am bliadhna. Tha Fèis Colla ag obair air pròram clasaichean fìdhle agus bogsa-ciùil air an eilean fhèin agus anns an ostail-sgoile anns an Oban.
4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth**
	Tha mi ag obair air pròiseactan mar seo a chur air dòigh san sgìre agam.
5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean**
	Bha mi an sàs le làithean trèanaidh aig FnG air Gràmar an Gàidhlig agus "Measadh Cunnart." Tha mi a' toirt comhairle dha na Fèisean agus luchd-teagaisg air na cothroman trèanaidh tha ann dhaibh.
6	**Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.**
	Tha Fèis Ceann Loch Goibhle air a bhith soirbheachail air duais choimhearsnachd eile a' thogail. Tha Fèis Lannraig a Tuath ag obair air pròram telebhisean leis a' chomhlan pop aca agus bha tòrr ùidh aig na meadhanan ionadail air Fèis Arainn am-bliadhna. Tha Radio nan Gàidheal air a bhith gu math taiceil le Fèisean Earra-Ghàidheal, gu h-àraid an Fhèis Dhràma a bh' againn san t - Òg Mhìos.

Neach-obrach	**Caoimhin Iain Rodgers**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**
Ràithe na h-aithisg	**An t-Ògmhios – An t-Sultain 2008**

Earrann	**1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal**
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.**

	Chaidh Fèis nan Garbh Chrìochan a chumail eadar 14mh agus 18mh An t-Iuchar agus chaidh a h-uile sian gu math. Ghabh barrachd air 100 clann pàirt anns na bha ann agus chord e riutha glàn. Tha sinn cuideachd dìreach air crìoch a chuir air pròiseact airson Lap-top, printer agus Scanner ùr a cheannach dhan Fhèis oir bha 'n a bh' aca seann agus a' ruith gu slaodach. Chuir sinn crìoch air proiseact mar seo airson Fèis Eige cuideachd. Mar a bh' aig Fèis nan Garbh Chrìochan, bha iad a' strì le seann compuitair ga fhàgail doirbh dhaibh obair riaghladh a dhèanamh. B' ann air 18mh agus 19mh an Iuchar a chaidh Fèis Eige a chumail. Tha na clasaichean aig Fèis Òigridh na Mara air tòiseachdadh agus tha sinn ag obair air pròiseact air Innealan Ciùil ùra a cheannach. Cuiridh seo crìoch air cosgaisean a tha iad a' pàigheadh an dràsda airson innealan ciùil fhaighinn air màll bho Fèiisean eile agus cuideachd, gheibh iad airgead dhaibh fhèin a-staigh le bhith a' cuir na h-innealan ciùil ura a-mach air màll. Tha mi air proiseact ùr a toiseachadh (tro Fèis Lochabair) far an teid eadar-theangachadh a dhèanamh air an CD-ROM a bhios a' dol leis an Leabhar Tiutor pìobaireachd gu Gàidhlig. Le bhith a' gabhail pairt ann an seo, theid cliù nam Fèis àrdachadh oir bidh ainm/logo nam Fèis a' nochdadh air gach CD. Chaidh na Cèilidhean air Chuairt Lochabair a chumail thairis air 13 laithean eadar 4mh agus 26mh den Iuchar . 'B e Stephanie Bridge a chuir am pròiseact air bhonn le cuideachadh bhuam fhìn. Bha iad còrdadh ris a h-uile duine a chuala iad agus tha sinn gu math toillichte leòtha. As dèidh dhomh bruidhinn ri Stephanie agus comataidh Fèis Lochabair, chuir sinn ròmhainn clas a ruith (aig Fèis Lochabair co-dhiu) a bhios a' sealltainn mar a thèid PA làimhseachadh. Biodh seo, math airson na com pàrtaichean agus dhan fhuaim air fad.
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**
	Tha mi air bruidhinn ri dithis bho Fèis Eige a bha a' nochdadh ùidh ann a bhith a' dèanamh an Cùrsa Inntrigidh agus tha mi 'n dùil a bhruidhinn ris an comataidh air fad anns na beagan seachdainean a tha ròmhainn gus rudeigin a chur air bhonn. Bhruidhinn mi cuideachd ri dà a-mach as na trì comataidhean a th' agam (air an Tìr Mhòr) mu dheidhinn Bùth-Obrach Gàidhlig a chuir air dòigh gach treasamh mìos. Bhiodh seo math airson mìsneachd agus a bhruidhinn mu dheidhinn trioblaid 's m.s.a.a
3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.**
	Tha Fèisean ann an Lochabar an sàs ann an YMI agus 's e Rachel Walker a bhios ga thoirt seachd anns an sgìre seo. Tha dàimh làidir aig Fèisean ann an Lochabair leis na sgoiltean faisg orra agus bith iad ag obair gu dliùth còmhla ruith far a bheil e comasach a dhèanamh. Tha mi fhìn an drasda, ag obair gu dlùth le LTS (Ionnsachadh agus Teagasg ann an Alba) gus Tàisbeanadh a thoirt seachad air an Fhèis Ionnsachaidh a thèid a chumail air an 24mh den t-Sultain ann an Glaschu. 'S e an amas a th'againn a shealltainn am buinteanas a th' aig Gàidhlig agus Cultar na Gàidhlig san latha 'n diugh agus mar a thèid sinn air adhart leis.
4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth**
	Tha mi an sàs le proiseact uabhasach mòr aig an am seo (tro Fèis nan Garbh Chrìochan) ann am com-pàirteachas le Comhairle na Gàidhealtachd a chuireas uidheaman ùr a-steach gu talla na sgoile ùr a bhios ga fhàgail comasach dhaibh tachartan Ciùil agus Cultarach a chumail ann le Fuaim, Solais agus Goirreasan air leth math. Gu foilleasach gheibh Fèis nan Garbh Chrìochan buannachd bho seo ach, 's ann aig a' chòimhearsnachd air fad a bhios am buannachd as motha oir thèid tòrr a bharrachd tachartasan cultarach agus ceòlmhor (aig ìre gu math àrd) a chumail anns an sgìre aca. Thòisich mi a ag obair air pròiseact (às leth Fèis Lochabair) ann an com-pàirteachas leis a' Cholaisde Pìobaireachd a chuireas CD-Rom (a tha a' dol leis an Leabhar Tiutor) gu Gàidhlig.

5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean** • 7mh Cèitean - Sealbhachadh aig Oifis Inbhir Nis • 8mh Cèitean – Sealbhachadh aig Oifis Inbhir Nis • 14mh Cèitean – Treànadh Sitekit • 25mh An Lùnastal – Measadh Chunnairt / Plana Leasachaidh
6	**Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.**
	A-rithist, bidh an fheadhainn a ghabh pàirt anns na Cèilidhean air Cuairt ann an Lochabar a' nochdadh aig cuid de na tachartan aig Blas ann an 2008. Mar a thuirt mi na bu tràithe (puing 3) tha mi ag obair le LTS (Ionnsachadh, Teagasg ann an Alba) gus tàisbeanadh a dhèanamh eadarainn a bhios a' sealltainn am buinteanas a th' aig Gàidhlig agus Cultar (agus Ceòl) na Gàidhlig ann am Foghlam an diugh. 'S e 'n amas a th' againn a shealltainn mar bu choir dhuinn a chumail oirnn gu soirbheachal.

Neach-obrach	**Jenna Chuimeanach**
Dreuchd	**Oifigear Leasachaidh**
Ràithe na h-aithisg	**An t-Ògmhios – An t-Sultain 2008**

Earrann 1 Adhartas mu choinneamh targaidean Fèisean nan Gàidheal	
Targaid	**Targaid** Adhartas
1	**Thoir taic airson leasachaidhean Fèisean fa leth, a' brosnachadh sàr-chleachdaidhean obrach, agus a' leasachadh nan raointean-gnìomh aca.**
	Tha mi air a bhith air leth trang a' siubhail air feadh na h-Eileanan an Iar a' frithealadh na Fèisean a bha a' gabhail àite thairis air mìosan an t-samhraidh. Chuir mi seachad dà latha aig gach Fèis a' cuideachadh le bhith a' cumail rian eadar clasaichean agus rudan eile dhen t-seòrsa agus a' comharrachadh leasachaidhean ùra agus na dòighean anns an urrainn dhomh an comataidh a chuideachadh le Fèis na h-ath bhliadhn'. Seach gu bheil mi air tadhail air na Fèisean air fad anns an sgìre tha beachd nas fheàrr agam air mar a tha gach Fèis air a ruith agus tha mi an dòchas coinneachadh le na comataidhean thairis air na mìosan ri thighinn airson na duilgheadasan a dh' èirich tron t-seachdain a lùghdachadh. Bidh mi ag obair gu dlùth le Fèis Taigh Dhonnchaidh anns na mìosan ri teachd airson na clasaichean bhliadhnail aca a shanas agus cuideachadh a thoirt dhaibh le obair rianachd agus plana leasachaidh ùr a chuir an gnìomh. Ghabh còrr is 200 pàirt ann am Fèis Eilean an Fhraoich aig deireadh an Iuchar. Am-bliadhna chaidh Fèis ùr a chur air bhonn airson clasaichean a thabhann do dheugairean na sgìre aig ìre a fhreagradh air na feumalachdan aca fhèin mar luchd-ciùil adhartach. B' e obair-bhuidhne a bha aig cridhe na Fèise seo airson sgilean ùra ionnsachadh mar chluicheadairean-chòmhlain. Ghabh 19 pàirt anns an leasachadh ùr seo a bha a' tairgse bhùthan-obrach ann am modhan-stèidse agus innleadaireachd-fuaim a thuilleadh air obair-chòmhlain. Tha mi an-dràsta ag ullachadh litir a bhios mi a sgaoileadh dha na Fèisean airson airgead a shireadh bho gnìomhachasan beaga anns na sgìrean aca fhein ach an cùm iad taic ri na Fèisean. Bidh mi cuideachd a' cuideachadh le bhith a' feuchainn ri tachartas neo dhà a chuir air dòigh anns na diofar sgìrean airson airgead a thogail.
2	**Leasaich cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Iomairt nam Fèisean. A' leasachadh an fhacail labhairteach mar dhòigh conaltraidh agus mar mheadhan airson teagasg, a rèir feumalachdan na coimhearsnachd a tha gach Fèis a' frithealadh.**

	Eadar seo agus na Nollaig tha mi airson poileasaidhean Gàidhlig ùrachadh air neo a chruthachadh le gach Fèis a sheallas mar a tha gach comataidh a lìbhrigeadh cuir-seachadan airson a' Ghàidhlig a bhrosnachadh a-measg com-pàirtichean na Fèise. Dh' iarr Fèis Eilean an Fhraoich air Sgioba-G tadhail a-staigh air Fèis nan Deugairean am-bliadhna airson barrachd cuideam a chuir air a' Ghàidhlig rè na seachdain. Bha na bùthan-obrach air an ruith le Angela Cheanadach agus fhuair com-pàirtichean trèanadh ann am modhan-stèidse agus chlàradh bhideo. Chòrd na clasaichean gu mòr ri na deugairean agus 's e dòigh spòrsail a bh'ann dhaibh a bhith a' cleachdadh Gàidhlig.
3	**Leasaich obair nam Fèisean taobh a-staigh nan earrannan foghlaim foirmeil.**
	Thathar an dòchas pròiseict Dhràma a ruith anns na h-Eileanan an Iar a-rithist a' leanntainn air soirbheachas na bliadhna-sa. Bidh mi a' bruidhinn ri Deirdre Ghreumach anns na seachdain ri thighinn airson faighinn a-mach am bi e comasach pròiseict dhen t-seòrsa a stèidheachadh anns na sgoiltean ann an Uibhist is Barraigh airson a' chiad uair. Tha mi cuideachd airson beachdachadh air na dòighean far am b'urrainn Fèisean nan Gàidheal agus Meanbh-Chuileag taic a thoirt dha tidsearan airson dràma a lìbhrigeadh anns na sgoiltean ann an dòigh chruthachail agus feumail.
4	**Pròiseactan ro-innleachdach agus obair chùmhnant le com-pàirtichean, dèante le Fèisean nan Gàidheal agus Fèisean fa leth**
	Fhuair Fèis Eilean an Fhraoich taic-airgid airson sreath chuirmean-chiùil a chuir air dòigh air feadh nan Eilean Siar ann an co-bhonn le Fèisean eile san sgìre. Ghabh ochdnar pàirt anns a' Chèilidh air Chuairt a chaidh a stèidheachadh airson a' chiad uair am-bliadhna. Mar phàirt den trèanadh aca fhuair an còmhlan stiùireadh proiFèiseanta bho sàr luchd-ciùil na Gàidhealtachd aig Fèis Alba. Tha Rhona NicIain, co-òrdanaiche a' phròiseict, ag ullachadh aithisg mu dheidhinn a' chuairt agus a' phròiseict san fharsaingeachd agus bidh sinn a' coinneachadh a dh' aithghearr airson beachdachadh air Cèilidh air Chuairt na h-ath-bhliadhn. Mar phàirt de Fhèis Cheilteach Innse Gall am-bliadhna chaidh bùthan-obrach a chuir air bhonn airson deugairean le Fèis Eilean an Fhraoich. Lean na bùthan-obrach airson trì latha agus bha iad air an stèidheachadh anns An Lanntair ann an Steòrnabhagh. Ghabh tri-duine-deug pàirt ann am bùthan-obrach a bha a' toirt a-staigh modhan-stèidse, òrain Ghàidhlig agus obair-bhuidhne. B'e suidheachadh air leth misneachail a bh' ann dha na com-pàirtichean agus thug e togail dhaibh seach gu robh iad mar phàirt den Fhèis fhèin. Tha mi air coinneachadh le Caroline NicIllinnein mur tha airson beachdachadh air tachartas airson Fèis Cheilteach Innse Gall 2009 agus coinnichidh sinn a dh' aithghearr airson tighinn gu co-dhùnadh. Bidh mi co-obrachadh le Emily agus Calum Ailig anns na mìosan a tha ri thighinn seach gu bheil sinn a' cuir air bhonn pròiseict Thasglann anns na h-Eileanan an Iar. Gheibh mise an cothrom mo chuid rannsachaidh pearsanta air daoine ionadail agus cleachdaidhean sònraichte a dhèanamh mar phàirt de m'obair agus thèid am fiosrachadh a chuir gu deagh feum. Bidh Emily agus Calum cuideachd a dèanamh rannsachaidh agus le chèile cruthaichidh sinn pasgainn mu gach sgìre a bhios air an cuir a-mach gu na Fèisean airson taic a thoirt dhaibh le cuspairean agus cur-seachadan.
5	**Leasaich Trèanadh gus sgilean nan daoine a tha an lùib nam Fèisean a neartachadh agus gus sàr-mhathas a bhrosnachadh taobh a-staigh gluasad nam Fèisean**

	Chuir 'Ruitheam' seachad dà latha a' trèanadh aig toiseach an t-Ògmhios 's iad ag ullachadh airson Fèis Alba agus an cuairt samhraidh aca. Bha na seisean-deasachaidh aca air an cumail aig Ionad làithean-saora Lacasdail ann an Leòdhas. Fhuair mi fhèin trèanadh bho Iona bho chionn ghoirid air Measadh Chunnairt aig Fèis Tir an Eòrna air Dimàirt 1 An Iuchar. Chaidh sealltainn dhomh mar a tha sinn a cuir an gnìomh am measadh ùr a tha i fhèin a' tionnsgnadh an-dràsta. Bha mi an làthair aig coinneamh a' Bhùird agus Luchd-obrach air Diluain 25 Lùnastal agus choinnich na h-Oifigearan Leasachaidh a' leantail air a' choinneamh seo. Mhothaich mi gu robh cuid an làthair aig na Fèisean am-bliadhna far an robh barrachd cuideachadh agus aire a dhìth orra rè na clasaichean. Nuair a bha mi a' bruidhinn ri Fèis Eilean an Fhraoich chaidh cuideam a chur air an dearbh chuspair agus iad a' faireachdainn gum bu choir latha trèanaidh a bhith air a chur air dòigh airson barrachd fhaighinn a-mach mu dheidhinn clann aig a bheil leas-feumlachdan sònraichte, na dòighean anns am bu chòir a bhith air an teagasg airson àrainneachd sàbhailte a chruthachadh dha na com-pàirtichean agus luchd-teagasg. Tha mi airson latha trèanaidh a chur air dòigh as dèidh na Nollaig agus nì mi rannsachadh anns na seachdainean a tha ri thighinn.
6	**Lean air adhart a' cumail suas ceangalan nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile agus dùthchannan eile, agus àrdaich ìomhaigh Iomairt nam Fèisean tro dhàimh poblach neartmhor agus cothroman taisbeanaidh.**
	Fhuair Fèis Eilean an Fhraoich an cothrom obair nam Fèisean a thaisbeanadh aig Fèis Cheilteach na Innse Gall am-bliadhna.

Fèisean nan Gàidheal

Co-labhairt agus Coinneamh Bhliadhnail 2008
Agenda Item: 3.2008.06(b)

Co-labhairt Fèisean nan Gàidheal
19 agus 20 Sultain 2008

Prògram

Dihaoine 19mh

13.00 – 13.30	Lòn
13.30 – 16.00	Coinneamh a' Bhùird
18.30	Coinneamh Bhliadhnail
19.15 – 20.00	Deoch agus Ceòl bho Fèisean Lochabair.
19.15	Ceòl bho Fèisean Lochabair
19.30	An Comh Dtr Micheal Foxley – Comhairle na Gàidhealtachd
19.45	Ceòl bho Fèisean Lochabair
20.00 – 01.00	Dìnnear agus Cèilidh

Disathairne 20mh

07.30 – 09.00	Lòn na Maidne (daoine a tha a' fuireach a-mhàin)
10.00	Plana Leasachaidh 2010 - 2015
11.00	Tì/Cofaidh
11.30	Sgeulachdan agus Ceòl bho Sgìre Loch Abar le Aonghas Grannd
12.30	Ceistean agus Còmhradh
13.00	Lòn aig Taigh-Òsta Cheann an Iar agus falbh

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org